# 12 FUADAICHEAN NAN GÀIDHEAL

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*'S urrainn dhomh mìneachadh dè thathar a' ciallachadh le 'Fuadaichean nan Gàidheal' agus mìneachadh a dhèanamh air a' bhuaidh a bh' aige seo air ar cànan 's ar cultar.*

*'S urrainn dhomh mìneachadh a dhèanamh air na prìomh adhbharan 'putaidh' agus 'tarraing' a bh' ann dha na Gàidheil aig an àm –*

- PUTAIDH – gaiseadh a' bhuntàta/nas lugha de dh'obraichean air an dùthaich.
- TARRAING – barrachd obraichean sa bhaile- mhòr/ cothrom air barrachd airgid/beatha nas fheàrr.

*'S urrainn dhomh liosta a dhèanamh de na h adhbharan PUTAIDH is TARRAING agus 's urrainn dhomh seo a dheasbad le mo chomhaoisean.*

*'S urrainn co-fhaireachdainn a bhith agam dhaibhsan a bha beò aig an àm, nuair a tha mi a' dol an sàs ann an diofar ghnìomhan co-cheangailte ris a' chuspair, me, 'Duilleag-obrach nan Sanasan Eilthireachd'.*

*'S urrainn dhomh an ceangal eadar Fuadaichean nan Gàidheal agus Mòr-Chaochladh a' Ghnìomhachais a mhìneachadh.*

*Leughaidh mi agus gabhaidh mi pàirt ann an gnìomhan co-cheangailte ris an leabhar, The Desperate Journey, airson mo thuigse a thoirt air adhart a thaobh cò ris a bha beatha pàiste mo chomhaoise fhìn coltach aig an àm.*

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a ghluais daoine an toiseach bhon Ghàidhealtachd agus às na h Eileanan?

Dè thug air uachdarain daoine a chur às an fhearann?

Dè na buannachdan a bh' ann a thaobh caoraich seach daoine?

Carson a chùm seo a' tachairt airson iomadh bliadhna? (Beachdaich air na h adhbharan PUTAIDH agus TARRAING.)





## EÒLASAN IS BUILEAN

*'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.*
*SOC 2-01a*

*'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h Alba.*
*SOC 2-03a*

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

http://www.bbc.co.uk/history/british/civil_war_revolution/scotland_clearances_01.shtml

http://www.scottishrepublicansocialistmovement.org/Pages/Clan-shipCDuthchasCullodenThePreludetoClearance.aspx

*The Desperate Journey* le Kathleen Fidler



CNES e-stòras DÉPARTEMENT DU GERS Erasmus+

EACHDRAIDH